


‘Gheibh luchd-labhairt na Gàidhlig taic is brosnachadh ann an Dùn Èideann gus na sgilean Gàidhlig aca a leasachadh is an cànan a chleachdadh le misneachd, agus tha am baile na chùl-taic do choimhearsnachd is cultar Gàidhlig a tha làidir is brìoghmhor.’

## **Comhairle Baile Dhùn Èideann**

### **DREACHD den Phlana Ghàidhlig - An Dàrna Eagra**

**Gearran 2018 gu Sultain 2022**



Chaidh am Plana seo ullachadh fo Earrainn 3 de dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005

An DREACHD dheireannach air a bheilear a' sireadh bheachdan bhon phoball – 2 Dàmhair 2017 gu 15 Dùbhlachd 2017

Gheibhear fiosrachadh mun cho-chomhairleachadh aig: <https://consultationhub.edinburgh.gov.uk/>

## Facal-toisich

### **An Comhairliche Lewis Ritchie – An Tosgaire Gàidhlig aig Comhairle Baile Dhùn Èideann**



Tha Gàidhlig na pàirt cudromach de ar dualchas is bun-aithne nàiseanta, agus tha i air aon de na snàithleanan sònraichte is bunaiteach a tha air am fighe a-steach ann am brat beartach cultar na h-Alba.

Feumar dìon a chur air a' phàirt seo de ar cultar. Chan ann airson adhbharan romansach no cianalais, ach air sàillibh gu bheil Gàidhlig fhathast na cànan brìoghmhor is neartmhor a tha a' sìor atharrachadh is a' tighinn air adhart. Tha i na meadhan prìseil is siùbhlach do a luchd-labhairt gus gach rùn, miann is dragh a th' aca a chur an cèill - aon de sheann chànanan na h-Alba.

Mar phrìomh-bhaile na h-Alba, tha uallach sònraichte air Dùn Èideann gus Gàidhlig a thoirt air adhart is am feabhas. Mar Thosgairle Gàidhlig Comhairle Baile Dhùn Èideann, tha mi fìor mhoiteil às an taic a tha a' Chomhairle a' toirt do chànan is cultar na Gàidhlig. Tha bun-sgoil Ghàidhlig ùr againn a-nis, agus tha

barrachd ionnsachadh na Gàidhlig a' dol air adhart air feadh ar sgoiltean, agus tha ceanglaichean nas làidire againn ri coimhearsnachdan Gàidhlig.

Ge-tà, tha fios agam gu bheil suidheachadh na Gàidhlig sa bhaile fhathast gu math cugallach.

Nuair a roghnaicheas pàrant am pàiste aca a chur gu foghlam Gàidhlig, tha iad a' cur earbsa mhòr sa Chomhairle. Mar sin, tha dleastanas cùraim ro mhòr oirnn a thaobh nam pàrantan sin agus an cuid chloinne.

Tha a' chòir aig sgoilearan Gàidhlig a bhith a' sùileachadh foghlam cho math 's a ghabhas agus a cheart cho math ris an fhoghlam a gheibh sgoilearan Beurla ann an sgoiltean Dhùn Èideann. Mar sin, tha dleastanas oirnn dèanamh cinnteach, nuair a dh'fhàgas iad an sgoil, gu bheil iad misneachail is fileanta sa Ghàidhlig agus gu bheil iad a' faireachdainn gu bheil iad air soirbheachadh is air adhartas a dhèanamh nan cuid foghlaim.

Air an adhbhar sin, thairis air an ath chòig bliadhna, feumaidh sinn obrachadh gu cruaidh gus bun-stèidh dhaingeann is sheasmhach a thogail dhaibh, agus gus leudachadh air na seirbheisean a th' againn.

Thar gach nì eile, feumaidh sinn dèanamh cinnteach bheil luchd-labhairt misneachail is fileanta againn le Gàidhlig a chuidicheas le bhith gleidheadh cor a' chànan ann an Alba. Sin dùbhlán air am feum sinn uile aghaidh a thoirt.

## Ro-ràdh

### Anndra MacIlleChiar - Àrd-oifigear – Comhairle Baile Dhùn Èideann

Ann an ‘Ro-shealladh air Baile Dhùn Èideann 2050’, thathar ag ràdh gu bheil e na amas do Dhùn Èideann a bhith na bhaile-mòr brosnachail, cothromach is soirbheachail le deagh cheanglaichean. Tha a’ Ghàidhlig is coimhearsnachd na Gàidhlig nam pàirt cudromach den ro-shealladh sin agus den bhaile.

Chaidh am Plana seo a dhealbh fo Earrainn 3 de dh’Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, a tha a’ fàgail dleastanas reachdail air Comhairle Baile Dhùn Èideann gus Plana ullachadh a h-uile còig bliadhna. Tha e na amas don Phlana gum bi barrachd dhaoine a tha fileanta sa Ghàidhlig againn, agus gum bi barrachd chothroman ann airson Gàidhlig ionnsachadh, gum bi ceanglaichean nas làidire againn le coimhearsnachdan Gàidhlig, agus gun tèid ìomhaigh na Gàidhlig a thogail air feadh a’ bhaile.

Tha an dàrna eagraan seo den Phlana a’ togail air na dh’ionnsaich sinn, agus air na rinn sinn, leis a’ chiad Phlana. Thug Bòrd na Gàidhlig beachdan taiceil dhuinn air a’ chiad eagraan den Phlana.

Am measg nan leasachaidhean as motha a chunnacas rè ùine a’ chiad Phlana bha: leudachadh air seirbheisean nan tràth-bhliadhnaichean tron Ghàidhlig; bun-sgoil Ghàidhlig ùr air a stèidheachadh (Bun-sgoil Taobh na Pàirce); agus barrachd leudachaidh air foghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig (FLI) aig ìre na bun-sgoile is na h-àrd-sgoile.

Ge-tà, ’s iomadh dùbhlain a tha romhainn fhathast, leis mar a tha an t-iarrtas airson Foghlam tron Ghàidhlig (FtG) agus FLI a’ sìor

dhol am meud sa bhaile. Mar sin, tha e na phrìomh amas san dàrna eagraan den Phlana taic a chumail ris an leudachadh a chunnacas o chionn ghoirid ann am FtG, agus aig an aon àm tuilleadh leudachaidh a chur air adhart aig ìre nan tràth-bhliadhnaichean, na bun-sgoile agus na h-àrd-sgoile.

Leis an iomairt seo, bidh feum air oidhirpean sònraichte gus luchd-obrach fhadastad is a ghleidheadh, a nì cinnteach gum bi seirbheisean FtG is FLI a’ sìor dhol am feabhas; feumar leudachadh a thoirt air a’ churraicealam, air taic do theaghlaiichean le ionnsachadh agus air ionnsachadh taobh a-muigh na sgoile; agus thèid togalaichean a chomharrachadh a dh’fhaodadh a bhith air an cleachdadh airson seirbheisean FtG ùra.

Gus na cinn-uidhe seo a ruighinn, tha a’ Chomhairle air a chur roimhe a bhith ag obair ann an co-bhuinn ri coimhearsnachdan Gàidhlig, luchd-obrach na Comhairle, buidhnean Gàidhlig, agus gu cudromach ann an com-pàirt le Bòrd na Gàidhlig agus Riaghaltas na h-Alba.

Mar sin, tha an fheallsanachd air cùl co-obrachadh aig teismeachan a’ Phlana seo; thoradh tha a’ Chomhairle ag aithneachadh gur e an aon dòigh dèiligeadh ris na dùbhlain, a bhith a’ tarraing air an aon ràmh le càch agus a’ togail deagh cheanglaichean com-pàirteach le daoine is buidhnean eile.

# 1. Comhairle Baile Dhùn Èideann – Fiosrachadh Farsaing

Chaidh Comhairle Baile Dhùn Èideann a chur air chois ann an 1996. Tha Prìomh Oifis na Comhairle suidhichte ann an: Seòmraichean a' Bhaile, 253 An Àrd-sràid, Dùn Èideann, EH1 1YJ agus ann an Cùirt Waverley, 4 Sràid na Margaidh an Ear, Dùn Èideann EH8 8BG. Fòn: 0131 200 2000.

Tha comhairlichean a chaidh a thaghadh air a' Chomhairle agus na comataidhean aice (<http://www.edinburgh.gov.uk/councillors>). Bidh na comataidhean sin ag aontachadh ri poileasaidhean is planaichean airson Comhairle Baile Dhùn Èideann. Thèid seirbheisean a ruith a rèir nam poileasaidhean is nam planaichean sin, agus thèid na seirbheisean is planaichean a libhrigeadh le oifigearan. Bidh comhairlichean an uair sin a' sgrùdadh obair nan oifigearan feuch a bheilear a' dèanamh adhartas, agus gus faicinn dè na gnìomhan a dh'fhaodadh a bhith a dhìth gus piseach a thoirt air mar a tha seirbheisean is planaichean air an libhrigeadh.

Tha oifigearan na Comhairle ag obair thairis air còig roinnean seirbheis, le Àrd-Stiùiriche ann airson gach roinn, agus iad sin a' tighinn fo stiùir an Àrd-oifigeir. (1. Àrd-oifigear - Anndra MacIlleChiar 2. Àrd-stiùiriche airson Choimhearsnachdan is Theaghlaichean - Alistair Gaw 3. Àrd-stiùiriche nan Goireasan Steaphan Moir 4. Àrd-stiùiriche airson Àiteachan - Pòl Lawrence 5. Prìomh Oifigear - Sealach - Co-Bhòrd Com-pàirteach Dhùn Èideann / Com-pàirteachas Slàinte is Cùram Sòisealta Dhùn Èideann - Michelle Nic a' Mhuilleir).

Tha 'Prògram a' Phrìomh-bhaile - Plana Gnothachais Comhairle Baile Dhùn Èideann 2017-22' ([http://www.edinburgh.gov.uk/info/20204/council\\_planning\\_framework/1255/council\\_business\\_plan\\_2016-20](http://www.edinburgh.gov.uk/info/20204/council_planning_framework/1255/council_business_plan_2016-20)) a' cur cinn-uidhe ro-innleachdail na Comhairle an cèill. Tha e a' sealltainn nam builean air a bheil a' Chomhairle ag amas, ciamar a choileanas i na builean sin, agus ciamar a nithear measadh air coileanadh nam builean sin. Tha gealladh fa leth a chaidh aontachadh a thaobh na Gàidhlig (àireamh 36) air duilleag 15 den Phlana far a bheil a' Chomhairle a' gealltainn gun cùm i oirre a' cuideachadh le bhith a' toirt foghlam tron Ghàidhlig air adhart.

Seo an dàrna eagraan de Phlana Gàidhlig na Comhairle (Gearran 2018 gu Sultain 2022), a tha a' togail air an adhartas a rinneadh agus air na chaidh ionnsachadh leis a' chiad Phlana Ghàidhlig (Sultain 2017 gu Gearran 2018), a chithear aig:

[http://www.edinburgh.gov.uk/info/20218/council\\_wide\\_plans\\_and\\_strategies/1009/gaelic\\_language\\_plan](http://www.edinburgh.gov.uk/info/20218/council_wide_plans_and_strategies/1009/gaelic_language_plan).

Chaidh am Plana seo ullachadh às dèidh don Chomhairle fios reachdail fhaighinn bho Bhòrd na Gàidhlig fo Earrainn 3 de dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Chaidh a dhealbh gus cuideachadh le bhith a' coileanadh 'a' Phlana Cànanain Nàiseanta Ghàidhlig 2017/22'.

'S iad am prìomh luchd-obrach ris a bheil am Plana an urra: Ceannard airson Ro-innleachdan is Lèirsinn - [laurence.rockey@edinburgh.gov.uk](mailto:laurence.rockey@edinburgh.gov.uk) agus am Manaidsear airson Com-pàirteachais is Sgìrean Ionadail [nick.croft@edinburgh.gov.uk](mailto:nick.croft@edinburgh.gov.uk); agus airson chùisean co-cheangailte ri FtG is FLI – [norma.martin@edinburgh.gov.uk](mailto:norma.martin@edinburgh.gov.uk).

## 2. A' Ghàidhlig ann an Alba is ann an Dùn Èideann

Bha Gàidhlig ga bruidhinn sa mhòr-chuid de dh'Alba aig aon àm, agus b' i prìomh chànan an t-sluaigh ann am pàirt mòr den dùthaich suas gu ruige an 19mh linn. 'S i aon de na cànanan Ceilteach a tha gam bruidhinn ann an diofar cheàrnaidhean de Bhreatainn is Èirinn, agus tha buntainneas dlùth eadar a' Ghàidhlig agus Gaeilge agus Gàidhlig Mhanainneach. Tha Gàidhlig a-nis air a h-aithneachadh mar chànan nàiseanta, aig a bheil inbhe co-ionann ris a' Bheurla fon lagh.

Tha Dùn Èideann air a bhith na àite cudromach don Ghàidhlig fad iomadh linn. Tha tòrr de dh'ainmean-àite ann an Dùn Èideann a' tighinn bhon Ghàidhlig (faicibh am mapa gu h-ìosal), leithid Balerno (Baile Àirneach), Craigentenny (Creag an t-Sionnaich), agus Dalry (Dail Fhraoich), agus tha sin a' sealltainn gu bheil daoine air a bhith a' bruidhinn Gàidhlig ann an Dùn Èideann fad iomadh bliadhna.

Chaidh a' chiad leabhar Gàidhlig a chaidh a chlà-bhualadh riamh fhoillseachadh ann an Dùn Èideann ann an 1567, agus chaidh a' chiad leabhar saoghalta fhoillseachadh sa bhaile (1741) agus a' chiad chruinneachadh de bhàrdachd Ghàidhlig (1751). Chaidh Comann Gàidhealach Dhùn Èideann, buidheann sgoilearach is chultarach chliùiteach, a chur air bhonn ann an 1784. B' e Oilthigh Dhùn Èideann a' chiad oilthigh ann an Alba a stèidhich Cathair na Ceiltis ann an 1882. Tha soidhne dà-chànanach air Sràid Mhiclain a' comharrachadh far an robh a' chiad Chaibeal Gàidhlig sa bhaile, a chaidh a stèidheachadh ann an 1767, agus bithear a' cumail sheirbheisean Gàidhlig ann an Eaglais nam Manach Liath fhathast sa bhaile.

Air feadh tòrr de eachdraidh prìomh-bhaile na dùthcha, tha e air a bhith na dhachaigh do dhaoine le diofar chànanan agus a bhuineas ri cultaran eadar-dhealaichte, Gàidheil na h-Alba nam measg. Am measg nan Gàidheal as ainmeile a tha air fuireach sa bhaile thar nan

linntean tha bàird, sgrìobhadairean is luchd-ciùil, leithid Dhonnchaidh Bhàin Mhic an t-Saoir (1724-1812), a bha a' fuireach is a' dèanamh bàrdachd sa bhaile faisg air deireadh na 18mh agus a tha air a thiodhlacadh ann an cladh Eaglais nam Manach Liath; Niall MacLeòid (1843-1924), math dh'fhaodte am bàrd Gàidhlig as motha air an robh fèill san 19mh linn; Alasdair MacIlleMhìcheil (1832-1912), fear-deasachaidh Carmina Gadelica; agus na bàird bhon 20mh linn Somhairle MacGill-Eain (1911-96) agus Deòrsa mac Iain Deòrsa. Tha Dùn Èideann fhathast san latha an-diugh na dhachaigh do dh'fheadhainn de na bàird, luchd-ciùil is luchd-ealain Gàidhlig as aithnichte san dùthaich, agus do dh'fheadhainn de na prìomh sgoilearan, luchd-poileasaidh is luchd-foghlaim a tha ag obair an lùib na Gàidhlig.

Fhuaras na mapaichean gu h-ìosal bho Bhòrd na Gàidhlig, agus tha iad a' sealltainn fios mun Ghàidhlig is cleachdadh na Gàidhlig ann an Dùn Èideann is Alba. Ann an 2011, bha 87,100 duine aois 3 no nas sine ann an Alba (1.7% den t-sluagh) aig an robh comas air choreigin sa Ghàidhlig. Ann an Dùn Èideann, chaidh 5,935 neach aois 3 no nas sine a chlàradh mar dhaoine le comasan Gàidhlig (1.7% den t-sluagh gu lèir). Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mun Ghàidhlig ann an Chunntas-sluaigh 2011 an seo:

[http://www.scotlandscensus.gov.uk/documents/analytical\\_reports/Report\\_part\\_1.pdf](http://www.scotlandscensus.gov.uk/documents/analytical_reports/Report_part_1.pdf)

# Dùn Èideann


Taghadh de dh'ainmean-àite bhon Ghàidhlig

Airson tuilleadh air na h-ainmean seo, feuch an stòr-dàta air [www.ainmean-aite.org](http://www.ainmean-aite.org).

# Edinburgh

A selection of Gaelic-derived place-names

For more on these names, consult the database on [www.gaelicplacenames.org](http://www.gaelicplacenames.org).



Le dàta bho NRS © Còir copaidh is stòir-dàta a' Chrùin 2017.  
Le dàta bhon t-Suirbhidh Òrdnais © Còir copaidh is stòir-dàta a' Chrùin 2017.  
Contains NRS data © Crown copyright and database right 2017.  
Contains Ordnance Survey data © Crown copyright and database right 2017.

Rannsachadh le Ainmean-Àite na h-Alba & Bòrd na Gàidhlig.  
Mapa le Bòrd na Gàidhlig 2017 a' cleachdadh QGIS 2.  
Research by Ainmean-Àite na h-Alba & Bòrd na Gàidhlig.  
Map by Bòrd na Gàidhlig 2017 using QGIS 2.


# 3. Co-chonaltradh is Co-obrachadh

## Luchd-labhairt Gàidhlig 2011 Gaelic speakers

- ≤1.125% (cuibheas nàiseanta : national average)
- <15%
- <50%
- 50%+ le labhairt Ghàidhlig : with Gaelic speaking ability

a rèir Aonadan Rianachd Ionadail, Ìre 1  
by Local Administrative Units, Level 1

Cuilbh a rèir 97 gu 14,066 luchd-labhairt Ghàidhlig  
Columns according to number of Gaelic speakers 97 to 14,066




Le dàta bhon NRS © Còir copaidh is stòir-dàta a' Chrùn 2015.  
Le dàta bhon t-Suirbhich Òrdnais © Còir copaidh is stòir-dàta a' Chrùn 2015.  
Contains NRS data © Crown copyright and database right 2015.  
Contains Ordnance Survey data © Crown copyright and database right 2015.

Dèanta le Bòrd na Gàidhlig 2015 a' cleachdadh QGIS 2.  
Made by Bòrd na Gàidhlig 2015 using QGIS 2.

## Foghlam tron Ghàidhlig 2016-17 Gaelic Medium Education

- Bun-sgoil le sruth FtG Primary school with GME stream
- Bun-sgoil Ghàidhlig GME Primary School
- Bun-sgoil le sruth FtG GME primary with English ME stream
- ★ Le sgoil-àraich FtG na cois With associated GME nursery
- ★ An cois àrd-sgoile le FtG Associated with secondary school with GME
- Ùghdarras ionadail le FtG Local authority with GME provision



Le dàta bhon NRS © Còir copaidh is stòir-dàta a' Chrùn 2017.  
Le dàta bhon t-Suirbhich Òrdnais © Còir copaidh is stòir-dàta a' Chrùn 2017.  
Contains NRS data © Crown copyright and database right 2017.  
Contains Ordnance Survey data © Crown copyright and database right 2017.

Dèanta le Bòrd na Gàidhlig 2017 a' cleachdadh QGIS 2.  
Made by Bòrd na Gàidhlig 2017 using QGIS 2.



Tha a' Chomhairle air a chur roimhe co-chonaltradh is co-obrachadh a dhèanamh le coimhearsnachdan Gàidhlig is luchd-ùidhe gus an dàrna eagraan den Phlana ullachadh is a chur an gnìomh.

Air an adhbhar sin, chaidh buidheann co-obrachaidh a chur air chois, a bha ag obair fo sgèith Buidheann Gnìomha na Gàidhlig (faicibh earrainn 7), air an robh comhairlichean, oifigearan na Comhairle, luchd-solair sheirbheisean, riochdairean bho choimhearsnachd na Gàidhlig, agus luchd-acadaimigeach. Rinn a' Bhuidheann Co-obrachaidh sgrùdadh aig ìre ro-innleachdail ann an 2016 is 2017 air seirbheisean FtG airson phàrantan aig a bheil dùil ri leanabh, agus airson clann aois 0-18. An lùib sin chaidh tachartasan co-chonaltraidh a chumail ann an sgoiltean FtG faisg air deireadh 2016. Chaidh feum a dhèanamh den fhiosrachadh sin ann a bhith a' dealbh an dàrna Plana seo, gu h-àraidh a thaobh nan geallaidhean ro-innleachdail a bhuineas ris na tràth-bhliadhnaichean is foghlam. Cuideachd, chuidich a' bhuidheann le bhith a' cumail grunn thachartasan co-chonaltraidh le diofar dhaoine aig an robh ùidh sa Phlana, leithid phàrantan, sgoilearan, luchd-obrach foghlaim, Bòrd na Gàidhlig, Riaghaltas na h-Alba, buidhnean ealain is cultarach, agus riochdairean eile bhon choimhearsnachd. Tha Buidheann Gnìomha na Gàidhlig fìor chudromach don obair a rinn a' Chomhairle gus am Plana a dhealbh, agus a nì i gus am Plana a choileanadh agus gus coileanadh a' Phlana a sgrùdadh.

Gheibhear làn-fhiosrachadh mun cho-chonaltradh is co-obrachadh a chaidh a dhèanamh bho: [nick.croft@edinburgh.gov.uk](mailto:nick.croft@edinburgh.gov.uk).

## 4. Àrd-amas is Prionnsapalan a' Phlana

**Ard-amas:**

- Gheibh luchd-labhairt na Gàidhlig taic is brosnachadh ann an Dùn Èideann gus na sgilean Gàidhlig aca a leasachadh is an cànan a chleachdadh le misneachd, agus bidh am baile na chùl-taic do choimhearsnachd is cultar Gàidhlig a bhios làidir is brìoghmhor.

**Prionnsapalan:**

- Tha Gàidhlig na pàirt de ar dualchas, agus de ar baile in-ghabhaltach is measgaichte, agus bidh i na pàirt de Ro-shealladh air Baile Dhùn Èideann 2050.
- Tha Gàidhlig na cànan nàiseanta le inbhe co-ionann ri Beurla fon lagh.
- Tha coimhearsnachd mheasgaichte is làidir Ghàidhlig againn, agus tha i a' toirt taic chudromach do dh'ullachadh is coileanadh a' Phlana.
- Nithear oidhirp mhòr gus leudachadh is leasachadh a thoirt air FtG is FLI aig ìre ro-sgoile, ìre na bun-sgoile is na h-àrd-sgoile, agus taobh a-muigh na sgoile.
- Bheirear taic do theaghlaichean le ionnsachadh air feadh na slighe ionnsachaidh airson FtG.
- Gheibhear fuasglaidhean a tha gu sònraichte ag amas air feuman Dhùn Èideann agus a tha freagarrach don bhaile.
- Bithear ag obair ann an com-pàirt le Bòrd na Gàidhlig agus Riaghaltas na h-Alba gus am Plana a thoirt gu buil.
- Bidh Dùn Èideann na àite far an urrainnear deasbad a chumail gu fosgarra is gu mionaideach air na dùbhlain a tha ron Ghàidhlig aig ìre nàiseanta agus ionadail.

## 5. Raointean Ro-innleachdail is Geallaidhean

Raon Ro-innleachdail	Geallaidhean Ro-innleachdail – Geàrr-chunntas
1. An Dachaigh is Na Tràth-bhliadhnaichean	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Bidh fiosrachadh nas fheàrr ann mun t-slighe ionnsachaidh airson FtG 0-18 do theaghlaichean a tha a' roghnachadh FtG airson an cuid chloinne (air a thoirt air adhart bhon Phlana mu dheireadh).</li> <li>• Thèid taic nas fheàrr a thoirt do theaghlaichean le ionnsachadh aig ìre nan tràth-bhliadhnaichean.</li> <li>• Cumaidh a' Chomhairle oirre a' coileanadh na dh'fheumas i fo reachdas a thaobh nan tràth-bhliadhnaichean ann am FtG.</li> <li>• <b>Thèid geallaidhean eile a stèidheachadh a rèir bheachdan a gheibhear bhon cho-chomhairleachadh air seirbheisean FtG is FLI do phàrantan aig a bheil dùil ri leanabh, agus clann aois 0-18.</b></li> </ul>
2. Foghlam	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Cumaidh a' Chomhairle oirre a' toirt leudachadh is leasachadh air FLI air feadh bhun-sgoiltean is àrd-sgoiltean, le meudachadh de 3% a' tighinn air FLI.</li> </ul>

	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Thèid leudachadh is leasachadh a thoirt air seirbheisean ro-sgoile (a' gabhail a-steach 1140 uair a thìde gach bliadhna airson clann ann an sgoiltean-àraich FtG), agus air foghlam bun-sgoile is àrd-sgoile.</li> <li>• Cumaidh a' Chomhairle oirre a' coileanadh na dh'fheumas i fo reachdas a thaobh nan tràth-bhliadhnaichean ann am FtG.</li> <li>• Bheirear sùil air na cothroman a th' ann gus ro-innleachd nàiseanta a dhealbh airson planadh airson luchd-obrach agus nan slatan-tomhais gus faighinn a-steach gu FtG.</li> <li>• Bheirear leudachadh is leasachadh air na cothroman a th' ann do sgoilearan àrd-sgoile a thaobh dhreuchdan is a bhith a' gluasad gu ìre-foghlaim eile, ann an com-pàirt le buidhnean a tha an sàs ann am Foghlam Àrd-ìre is Adhartach.</li> <li>• Nithear cinnteach gu bheil seirbheisean cùraim fad-latha ann an Gàidhlig air làrach nan sgoiltean a' sior dhol am feabhas feuch am faigh a' chlann a h-uile cothrom as urrainn dhaibh gus an cànan ionnsachadh.</li> <li>• <b>Thèid geallaidhean eile a stèidheachadh a rèir bheachdan a gheibhear bhon cho-chomhairleachadh air seirbheisean FtG is FLI do phàrantan aig a bheil dùil ri leanabh, agus clann aois 0-18.</b></li> </ul>
<p>3. A' Choimhearsnachd</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Bidh a' Chomhairle a' dèanamh barrachd a thaobh co-chonaltradh le buidhnean coimhearsnachd Gàidhlig, a thaobh a bhith a' cur ri buaidh is comasan nam buidhnean sin agus a thaobh a bhith a' toirt barrachd cumhachd dhaibh (air a thoirt air adhart bhon Phlana mu dheireadh).</li> <li>• Nithear feum nas fheàrr de na meadhanan sòisealta gus conaltradh is coluadair a dhèanamh ri coimhearsnachdan Gàidhlig.</li> <li>• Thèid barrachd chothroman a chruthachadh gus diofar phàirtean de choimhearsnachd na Gàidhlig a thoirt còmhla.</li> <li>• Bheirear taic do dhòighean co-obrachail gus am Plana a lìbhrigeadh, agus gus coileanadh a' Phlana sgrùdadh.</li> <li>• Bheirear taic do Shradagan gus leudachadh a thoirt air an obair aca le clann is daoine òga ann am FtG.</li> <li>• Thèid Manifesto Gàidhlig na h-Òigridh a dhealbh, obair sam bi clann is daoine òga le Gàidhlig an sàs, a sheallas dè chòrdadh e riutha fhaicinn sa bhaile a thaobh adhartachadh na Gàidhlig.</li> </ul>
<p>4. An t-Àite-obrach</p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Barrachd shoidhnichean-rathaid is shoidhnichean eile ann an Gàidhlig aig a' Chomhairle agus aig làraich ainmeil sa bhaile (air a thoirt air adhart bhon Phlana mu dheireadh).</li> <li>• Nithear sgrùdadh air luchd-obrach na Comhairle (a' cleachdadh bun-sampall de sgrùdadh bho Bhòrd na Gàidhlig) gus faicinn cia mheud neach-obrach aig a bheil sgilean Gàidhlig agus dè na sgilean a th' aca, agus dè an ùidh a th' aca ann a bhith a' toirt taic do choileanadh a' Phlana (air a thoirt air adhart bhon Phlana mu dheireadh).</li> <li>• Bheirear taic is cothroman ionnsachaidh nas fheàrr do luchd-labhairt na Gàidhlig a tha ag obair don Chomhairle.</li> <li>• Bheirear sùil as ùr agus leasachadh air na duilleagan Gàidhlig air làrach-lìn na Comhairle (air a thoirt air adhart bhon Phlana mu dheireadh).</li> </ul>

	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Thèid cothrom a thabann air fiosrachadh farsaing mu eachdraidh na Gàidhlig sa bhaile mar phàirt den fhiosrachadh-inntrigidh a gheibh a h-uile neach-obrach ùr.</li> </ul>
5. Cultar, Na h-Ealain is Dualchas	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Nithear sgrùdadh air buaidh 'Ro-innleachd nan Ealain Gàidhlig' agus thèid co-chonaltradh a dhèanamh le buidhnean ealain Gàidhlig feuch an tig piseach air an taic a th' ann do na h-ealain Ghàidhlig (air a thoirt air adhart bhon Phlana mu dheireadh).</li> </ul>
6. An Eaconamaidh	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Nithear rannsachadh air meud is buaidh eaconamaidh na Gàidhlig ann an Dùn Èideann.</li> </ul>

## 6 - Geallaidhean a thaobh Ìrean Seirbheis

Seirbheis na Comhairle	Ìrean Seirbheis
Seirbheisean an Luchd-cleachdaidh	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Bidh roghainnean nas fheàrr ann do luchd-labhairt na Gàidhlig nuair a tha iad airson conaltradh ri seirbheisean luchd-cleachdaidh na Comhairle.</li> </ul>
Sgudal	<ul style="list-style-type: none"> <li>• <b>Thèid geallaidhean a stèidheachadh às dèidh dhuinn barrachd co-chonaltraidh a dhèanamh leis na seirbheisean sgudail is coimhearsnachdan.</b></li> </ul>
Rathaidean	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Thèid barrachd shoidhnichean-rathaid a chur suas ann an Gàidhlig aig, agus faisg air, làraich far a bheil foghlam ro-sgoile is sgoile FtG air a libhrigeadh, aig làraich eachdraidheil le ceangal ris a' Ghàidhlig, agus aig làraich ainmeil air am bi luchd-turais a' tadhal.</li> </ul>
Taigheadas	<ul style="list-style-type: none"> <li>• <b>Thèid geallaidhean a stèidheachadh às dèidh dhuinn barrachd co-chonaltraidh a dhèanamh leis na seirbheisean taigheadais is coimhearsnachdan.</b></li> </ul>
Còmhdhail	<ul style="list-style-type: none"> <li>• <b>Thèid geallaidhean a stèidheachadh às dèidh dhuinn barrachd co-chonaltraidh a dhèanamh leis na seirbheisean còmhdhail, Còmhdhail do Dhùn Èideann, agus coimhearsnachdan.</b></li> </ul>
Planadh	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Bidh modhan-obrach a thaobh ainmean Gàidhlig mar phàirt den Phlana Leasachaidh Ionadail agus de na modhan-obrach gus ainmean a thoirt air sràidean.</li> </ul>
Seirbheisean Cloinne (gun a bhith a' gabhail a-steach foghlam)	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Nithear cinnteach gu bheil fios aig luchd-obrach air na feuman sònraichte a th' aig teaghlaichean a tha ag ionnsachadh no a' bruidhinn Gàidhlig nuair a tha iad a' libhrigeadh sheirbheisean cloinne, gu h-àraidh a thaobh clann le Gàidhlig a tha fo chùram.</li> <li>• Thèid modhan-obrach nas fheàrr a chur an sàs airson obair òigridh còmhla ri daoine òga a tha ag ionnsachadh no a' bruidhinn Gàidhlig.</li> </ul>

Rianachd Stòrasan is Ghoireasan	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Barrachd shoidhnichean Gàidhlig aig Seòmraichean a' Bhaile.</li> </ul>
Ro-innleachdan is Lèirsinn	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Bidh an roinn seo a' stiùireadh obair na buidhne gus am Plana a dhealbh, aontachadh agus gus coileanadh a' Phlana a cho-òrdanachadh.</li> </ul>
Conaltradh	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Nuair a thèid ìomhaigheachd na Comhairle ùrachadh, thèid tionndaidhean Gàidhlig a chur ann ri taobh na Beurla.</li> <li>• Cumaidh a' Chomhairle oirre a' dèanamh cinnteach gu bheil susbaint fìor mhath a' nochdadh air duilleag-lìn Ghàidhlig na Comhairle.</li> <li>• Ann an aithisgean do chomataidhean na Comhairle bidh aithrisean fon earrainn mu cho-ionannachd air a' bhuaidh a dh'fhaodadh a bhith aig nithean air a' Phlana Ghàidhlig.</li> </ul>


## 7 – Com-pàirteachas is Modhan-riaghlaidh

Tha an clàr gu h-ìosal a' sealltainn nam modhan-riaghlaidh a chaidh a stèidheachadh is an obair chom-pàirteach a tha a dhìth gus am plana seo a dhealbh is a chur gnìomh.

Tha pàirt glè chudromach aig Buidheann Gnìomha na Gàidhlig san obair seo, thoradh tha e an urra riutha an obair a cho-òrdanachadh gus am Plana a dhealbh is a thoirt gu buil, agus bidh aca ri aithisg adhartais ullachadh gach bliadhna mar a dh'fheumar fon Achd. 'S iad cuideachd a' phrìomh bhuidheann a tha a' dèanamh ceangal eadar coimhearsnachdan na Gàidhlig, a' Chomhairle, agus luchd-ùidhe eile, agus tha cothrom ann leis a' bhuidhinn bruidhinn air na dùbhlain a tha ron Ghàidhlig aig ìre ro-innleachdail, agus air na fuasglaidhean a dh'fhaodadh a bhith ann.

'S i a' phrìomh chomataidh aig a' Chomhairle le uallach airson a' Phlana, A' Chomataidh airson Poileasaidh is Ro-innleachdan Corporra (agus tha cuideachd uallach air a' Chomataidh airson Foghlaim, Choimhearsnachdan is Theaghlaichean, a bhios a' dèiligeadh ri cùisean co-cheangailte ri foghlam tron Ghàidhlig agus foghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig).

Bidh Bòrd na Gàidhlig a' cur aonta ris a' Phlana agus ris na h-aithisgean adhartais bliadhnail.



## 8 – Aithisgean is Sgrùdaidhean Poblach air Coileanadh

Ullaichidh agus aontaichidh Buidheann Gnìomha na Gàidhlig aithisg adhartais gach bliadhna a thèid a chur gu comataidh na Comhairle airson aonta, agus an uair sin gu Bòrd na Gàidhlig airson aonta.

San aithisg sin bidh mìneachadh air an adhartas a rinneadh mu choinneamh gach geallaidh ro-innleachdail, agus a thaobh ìrean seirbheis ainmichte sa Phlana. Cuideachd san aithisg, thèid ealla a ghabhail ris an fhiosrachadh a leanas mar shlatan-tomhais airson coileanadh rè ùine a' Phlana (**Nota: thèid na h-àireamhan is figearan a bhios mar bhun-fhiosrachadh gus adhartas a thomhas a chruinneachadh is a sgoileadh mar phàirt den cho-chomhairleachadh phoblach**):

- Aithisgean adhartais air mar a thèid geallaidhean ro-innleachdail is ìrean seirbheis a choileanadh.
- Staitistearachd air coileanadh is soirbheachadh ann am FtG aig ìre nan tràth-bhliadhnaichean, na bun-sgoile is na h-àrd-sgoile.
- Beachdan bho phàrantan is sgoilearan air FtG is FLI a gheibhear tro cho-chonaltradh is ceisteachain.

- Dàta air ìrean-coileanaidh is soirbheachadh ann am FLI aig ìre nan tràth-bhliadhnaichean, na bun-sgoile is na h-àrd-sgoile.
- Beachdan bho luchd-obrach a tha an sàs ann am FtG is FLI.
- Beachdan bho luchd-ùidhe a tha an sàs ann a bhith a' toirt a' Phlana gu buil.

Thèid sùil as ùr a thoirt air a' Phlana gach bliadhna mar phàirt de na h-aithisgean adhartais bliadhnail, agus thèid làn-sgrùdadh a dhèanamh air eadar Màrt 2022 is Sultain 2022.

## 9 – Tuilleadh Fiosrachaidh is Fiosrachadh Conaltraidh

- A' phrìomh Chomhairliche le uallach airson a' Phlana – An Comhairliche Lewis Ritchie – [lewis.ritchie@edinburgh.gov.uk](mailto:lewis.ritchie@edinburgh.gov.uk)
- A' Phrìomh Oifigear aig a' Chomhairle le uallach airson a' Phlana – Nick Croft – Manaidsear airson Com-pàirteachais is Sgìrean Ionadail – [nick.croft@edinburgh.gov.uk](mailto:nick.croft@edinburgh.gov.uk)
- A' Phrìomh Oifigear le uallach a thaobh foghlaim – Norma Mhàrtainn – Oifigear Leasachaidh Gàidhlig (Foghlam) – [norma.martin@edinburgh.gov.uk](mailto:norma.martin@edinburgh.gov.uk)
- Aig Bòrd na Gàidhlig – Anna Walker - [anna@gaidhlig.scot](mailto:anna@gaidhlig.scot)

## Foghlam tron Ghàidhlig agus Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig ann an Dùn Èideann

**An Suidheachadh An-dràsta, Beachdan bhon Cho-chonaltradh, agus Roghainnean airson na h-Ùine air Thoiseach** (Pàrantan aig a bheil dùil ri leanabh is clann 0-18 bliadhna a dh'aois)

## Dreachd airson co-chomhairleachadh is co-chonaltradh poblach – 2 Dàmhair 2017 gu 15 Dùbhlachd 2017

Gheibhear fios mun cho-chomhairleachadh an seo: <https://consultationhub.edinburgh.gov.uk/>

Aois	Pàrantan aig a bheil dùil ri leanabh agus clann aois 0-6 mìosan
<b>An Suidheachadh An-dràsta</b>	<ul style="list-style-type: none"><li>• Bidh luchd-tadhail slàinte bho air feadh a' bhaile a' toirt pasgain seachad sa bheil stuthan mu FtG – ged nach eil fios againn aig an àm seo, agus an cho-chomhairleachadh air tòiseachadh, air cia mheud pasgan a thathar a' toirt seachad, thèid sin obrachadh a-mach agus fios fhoillseachadh.</li><li>• Tha an t-ùghdarras foghlaim ag obair gu gnìomhach gus FtG a shanasachd.</li><li>• Chaidh pasgan fiosrachaidh a thaobh clann fo 5 a dhealbhadh is a sgaoileadh – chan eil fios againn air cia mheud neach a fhuair aon de na pasgain sin.</li><li>• Bithear a' dèanamh sanasachd air FtG ann an stuthan-sgrìobhte a bhios a' Chomhairle a' foillseachadh mu dheidhinn foghlam ro-sgoile is bun-sgoile Beurla agus air làrach-lìn na Comhairle - <a href="http://www.edinburgh.gov.uk/info/20256/school_places/484/gaelic_in_schools">http://www.edinburgh.gov.uk/info/20256/school_places/484/gaelic_in_schools</a>.</li><li>• Tha earrainn Ghàidhlig air làrach-lìn na Comhairle, leis an fhiosrachadh as ùire air foghlam is seirbheisean Gàidhlig agus le ceanglaichean ri buidhnean Gàidhlig.</li><li>• Bithear a' dèanamh sanasachd gu h-ionadail gus innse do phàrantan mu na cothroman a th' ann do chloinn a tha fo 3 bliadhna a dh'aois a dhol an sàs ann am FtG.</li></ul>
<b>Beachdan bhon Chochonaltradh (bho cho-chonaltradh a rinneadh aig bun-sgoiltean is àrd-sgoiltean faisg air deireadh</b>	<ul style="list-style-type: none"><li>• Rinneadh obair mhath thuige seo ann a bhith a' sgaoileadh fiosrachaidh mu FtG am measg phàrantan aig a bheil dùil ri leanabh, ach feumar togail air sin a-nis.</li><li>• Feumaidh seirbheisean poblach goireasan ionnsachaidh FtG nas fheàrr a thoirt seachad a tha ag amas air teaghlachan le clann aois 0-6 mìosan, agus feumaidh barrachd de na goireasan sin a bhith ann.</li><li>• Tha daoine airson gun tèid sàr mhodhan-obrach bho àiteachan eile san AE, a thaobh adhartachadh mhion-chànanan, a chur an sàs ann an Dùn Èideann.</li><li>• Feumaidh seirbheisean poblach is luchd-obrach san treas roinn a bhith nas mothachail air na roghainnean a th' ann airson FtG.</li><li>• A bheil fiosrachadh ann a tha a' sealltainn cia mheud pasgan bho neach-tadhail slàinte no pasgan fiosrachaidh a thaobh clann fo 5 a th' ann sa bheil fiosrachadh mu FtG?</li></ul>



<p><b>2016 – cuid a bheachdan gan sealltainn facal air an fhacal)</b></p>	
<p><b>Roghainnean airson na h-Ùine air Thoiseach</b></p>	<p><b>Gnìomh 1</b> – Nithear sgrùdadh agus leudachadh air an t-sanasachd a thathar a’ dèanamh air na cothroman air FtG tro làrach-lìn na Comhairle agus ionadan seirbheis NHSL. Nithear oidhirp gus aire barrachd dhaoine a tharraing gu na slighean ionnsachaidh FtG a th’ ann agus na buannachdan a gheibhear bho FtG. Bu chòir don fhiosrachadh dèanamh soilleir dè na dùbhlain a dh’fhaodadh a bhith ro phàrantan is sgoilearan ma tha iad am beachd FtG a roghnachadh.</p> <p><b>Gnìomh 2</b> – Thèid fiosrachadh is seiseanan fiosrachaidh a thoirt seachad le mnathan-glùine, luchd-tadhail slàinte agus luchd-obrach nan tràth-bhliadhnaichean mu na slighean ionnsachaidh FtG, agus leis an fhiosrachadh a gheibhear air FtG. Thèid beachdachadh air na cothroman a th’ ann obrachadh le buidhnean eile a tha a’ cur ionnsachadh chànanan is dà-chànanas aig ìre thràth air adhart agus a tha a’ toirt taic dhaibh, leithid Bilingualism Matters.</p> <p><b>Gnìomh 3</b> – Bidh Buidheann Gnìomha na Gàidhlig (BGG) ag obair ann an com-pàirt gus fiosrachadh mun t-slighe ionnsachaidh 0-18 ann am FtG ullachadh is aontachadh, agus gus seiseanan fiosrachaidh mun chànan a chur air dòigh, do phàrantan is clann le ùidh sa Ghàidhlig.</p> <p><b>Gnìomh 4</b> – Nithear sanasachd air goireasan ionnsachaidh do theaghlaichean airson phàrantan aig a bheil dùil ri leanabh, no aig a bheil clann mu thràth, agus thèid barrachd dhaoine a bhrosnachadh gu bhith a’ gabhail pàirt ann an tachartasan cultarach Gàidhlig.</p>

<p><b>Aois</b></p>	<p><b>0 gu 3 - Cròileagain</b></p>
<p><b>An Suidheachadh An-dràsta</b></p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Tha na Cròileagain Ghàidhlig ann airson clann aois 0-5 agus na teaghlaichean aca.</li> <li>• Tha e na amas don t-seirbheis seo cothrom a thoirt do chloinn agus na teaghlaichean aca Gàidhlig ionnsachadh is a chleachdadh, agus taic a thoirt dhaibh le sin, ann an suidheachadh spòrsail is càirdeil, agus fiosrachadh a thoirt seachad air FtG.</li> <li>• Tha sia seiseanan ann an-dràsta gach seachdain ann an Lìte, aig Bun-sgoil Taobh na Pàirce agus ann an Crois na Cise, le mu 150 duine cloinne a’ dol thuca gu cunbhalach.</li> <li>• Bidh teaghlaichean a’ siubhal bho air feadh a’ bhaile agus bho Lodainn an Ear is an Iar, Meadhan Lodainn agus Fìobha airson a dhol ann.</li> </ul>

	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Tha dragh air cuid a phàrantan nach fhaigh a' chlann aca àite ann am FtG aig ìre ro-sgoile air sàillibh mar a tha an t-iarrtas air a dhol an àirde. Tha fios aig pàrantan a tha a' dol gu na Cròileagain nach eil gu leòr àiteachan san Sgoil-àraich agus gu bheil an suidheachadh air a bhith ann mu thràth far nach robh àite ann san Sgoil-àraich airson cuid den chloinn nuair a ràinig iad 3 bliadhna a dh'aois.</li> <li>• Bidh sianar luchd-stiùiridh (pàirt-thìde) airson nan cròileagan a' cuideachadh le bogadh sa chànan sna buidhnean. Tha seo a' dèanamh cinnteach gu bheil na buidhnean seo de chloinn fo 3 a' dèanamh adhartas agus a' faighinn oideachadh cunbhalach.</li> <li>• Gheibh an dà chuid a' chlann agus na pàrantan taic aig ìre thràth ann am FtG.</li> <li>• Cha d' fhuair tòrr den chloinn aois 3 a tha a' dol gu na Cròileagain an-dràsta àite san Sgoil-àraich agus tha sin a' ciallachadh gu bheil pàrantan a' gabhail dragh nach fhaigh a' chlann aca àite san sgoil.</li> <li>• Dh'fhaodadh nach tèid frithealadh air an iarrtas seo a tha a' sìor dhol am meud, agus bheir sin buaidh air Bun-sgoil Taobh na Pàirce agus air FtG 0-18.</li> <li>• Dh'fhaodadh an luchd-obrach seo a dhol a dh'obair ann an raointean eile de FtG, mar eisimpleir san Sgoil-àraich aig Bun-sgoil Taobh na Pàirce.</li> <li>• Cròileagain – àireamhan an-dràsta: Tha 128 duine cloinne agus 104 teaghlaichean a' dol thuca gu cunbhalach an-dràsta.</li> </ul>
<b>Beachdan bhon Chochonaltradh (bho cho-chonaltradh a rinneadh aig bun-sgoiltean is àrd-sgoiltean faisg air deireadh 2016 – cuid a bheachdan gan sealltainn facal air an fhacal)</b>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Bu chòir leudachadh a thoirt air na Cròileagain air taobh siar a' bhaile fhad 's a tha an t-iarrtas a' fàs sa phàirt sin den bhaile, agus ann an sgìrean nan Comhairlean faisg air.</li> <li>• Bha pàrantan a' smaoinichadh gun robh e feumail a bhith a' seinn òrain aig na Cròileagain.</li> <li>• Chan ann a-mhàin gu bheil an luchd-obrach ann am FtG proifeiseanta, ach tha iad dha-rìribh dealasach mun obair aca. Tha iad a' dèanamh tòrr agus bu chòir dhaibh pàigheadh nas fheàrr fhaighinn.</li> <li>• Bu chòir stuthan cluiche is teagaisg nas fheàrr a bhith ann don chloinn a tha a' dol gu na Cròileagain agus do na pàrantan / luchd-cùraim aca.</li> <li>• Bha dragh air cuid a phàrantan mun ghluasad eadar an Cròileagan is an Sgoil-àraich.</li> </ul>
<b>Roghainnean airson na h-Ùine air Thoiseach</b>	<p><b>Gnìomh 1</b> – Thèid dà Chròileagan ùr a stèidheachadh sa bhaile, bu chòir aonan dhiubh a bhith faisg air seirbheis Sgoil-àraich ùr sam bith a thèid a stèidheachadh gus leudachadh air na seirbheisean a th' ann (faicibh na roghainnean gu h-ìosal).</p> <p><b>Gnìomh 2</b> – Thèid ceanglaichean nas fheàrr a thogail le luchd-solair san roinn phrìobhaidich, phoblach no san treas roinn</p>

	<p>feuch an gabh seirbheisean a leudachadh mar a thathar a' moladh.</p> <p><b>Gnìomh 3</b> – Thèid dòighean a dhealbhadh gus aithne a thoirt do dh'obair luchd-obrach nan Cròileagan agus gus àrdachaidhean pàighidh a thabhann mar aithne air an obair sin.</p> <p><b>Gnìomh 4</b> – Thèid sgrùdadh a dhèanamh air an taic a th' ann, agus thèid taic nas fheàrr a thoirt, do theaghlaichean tro ghoireasan is cothroman airson a bhith ag ionnsachadh Gàidhlig, gu h-àraidh airson teaghlaichean le clann a tha a' gluasad eadar an Cròileagan is an Sgoil-àraich.</p> <p><b>Gnìomh 5</b> - Thèid taic nas fheàrr a thoirt do chomataidhean nan Cròileagan airson an neartachadh.</p> <p><b>Gnìomh 6</b> - Thèid seirbheisean ionnsachaidh a leasachadh airson teaghlaichean le clann a tha dol gu Cròileagan, le co-dhiù aon seisean gach seachdain airson teaghlaichean a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig agus co-dhiù aon seisean airson teaghlaichean is clann aig a bheil Gàidhlig.</p>
--	---

Aois	3 – 5 - Sgoil-àraich		
<b>An Suidheachadh An-dràsta</b>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Seiseanan Sgoil-àraich sa mhadainn aig Bun-sgoil Taobh na Pàirce = 40 àite</li> <li>• Seiseanan Sgoil-àraich air an fheasgar aig Bun-sgoil Taobh na Pàirce = 40 àite</li> <li>• Chithear sa chlàr gu h-ìosal dàta bho na trì bliadhna mu dheireadh airson clann ro-sgoile a chaidh bhon sgoil-àraich gu prìomh a h-aon aig Bun-sgoil Taobh na Pàirce:</li> </ul>		
	Bliadhna Sgoile	An àireamh de chloinn aig aois ro-sgoile san sgoil-àraich	An àireamh a thòisich air P1 air an ath bhliadhna
	2013-14	59	48
	2014-15	53	47
	2015-16	45	38 – gheibhear mìneachadh air an fheadhainn nach do ghluais ma thèid sin iarraidh
	2016-17	76	Chan eil dàta ann fhathast

- An àireamh sgoilearan sa Mhàrt 2017 – 81
- Sgoilearan aig aois fo-ro-sgoile sa Mhàrt 2017 – 19
- Sgoilearan ro-sgoile sa Mhàrt 2017 – 62
- Air an liosta-feitheimh sa Mhàrt 2017 - a' feitheamh ri àite aig toiseach an Fhoghair 2017 – 25
- Luchd-obrach san Sgoil-àraich sa Mhàrt 2017 – Tidsèaran – 1 + Luchd-obrach – 5 – ag obair ann am FtG
- Òganan Dhùn Èideann: a' bhuidheann a bheir cùram fad-latha seachad aig Bun-sgoil Taobh na Pàirce, a bheir cothroman do chloinn Gàidhlig ionnsachadh is a chleachdadh taobh a-muigh a' chlas, agus mar sin tha iad gan cuideachadh le bhith a' fàs nas fileanta. Tha an t-seirbheis seo ann eadar 8m is 6f. Tha 14 ag obair (làn- is pàirt-thìde) aig Òganan Dhùn Èideann, agus tha Gàidhlig aca uile. Bidh iad a' toirt cùram-chloinne seachad airson clann ro-sgoile mar phàirt den chùram fad-latha aca. Tha a' mhòr-chuid den luchd-obrach aca air, no tha iad an dùil, teisteanas SVQ3 a thoirt a-mach.
- Tha Òganan Dhùn Èideann clàraichte le Luchd-sgrùdaidh a' Chùraim le cead aca suas ri 96 duine cloinne a ghabhail aig an aon àm agus tha sin a' gabhail a-steach clann bho 3 bliadhna a dh'aois suas gu P7. A-mach às na 96, chan fhaod ach 31 dhiubh a bhith aig aois sgoil-àraich (3-5 bliadhna a dh'aois).
- Tha cead aig Òganan Dhùn Èideann a bhith frithealadh air suas ri 48 duine cloinne de dh'aois sgoil-àraich aig a' chlub lòn aca.
- Tha e buailteach gun tig an àireamh de chloinn aig aois sgoil-àraich a tha a' dol gu na seiseanan maidne is feasgair agus chun a' chlub lòn an àirde ann an 17/18.

**An Àireamh de Chloinn Clàraichte aig Òganan Dhùn Èideann**

Bliadhna	Àireamh
2013	105
2014	158
2015	172
2016	197

2017

227

### An Àireamh de Chloinn a' Dol gu Gach Seisean sa Chumantas

	2013	2014	2015	2016	2017
<b>Club Bracaist</b>	14	19	29	37	48
<b>Seisean na Maidne</b>	N/A	4	9	15	12
<b>Club Lòin</b>	11	25	28	30	24
<b>Seisean an Fheasgair</b>	4	6	10	18	19
<b>Club Às Dèidh na Sgoile</b>	26	31	51	64	85

Airson nam bliadhnaichean 2013-2016 chaidh na h-àireamhan a chlàradh san Ògmhios, ach chaidh an àireamh airson 2017 a chlàradh san Lùnastal 2017.

- Tha 14 luchd-obrach le Gàidhlig san Sgoil-àraich aig a bheil SVQ3 ann an Cùram-chloinne, no a tha ag obair gus an teisteanas sin a thoirt a-mach. 'S dòcha gun gabh feum a dhèanamh de dh'fheadhainn den luchd-obrach sin gus dèiligeadh ris an leudachadh a thathar a' sùileachadh ann am FtG, co-dhiù a thèid leudachadh a thoirt air na h-àireamhan aig Bun-sgoil Taobh na Pàirce no a thèid clasaichean ùra a stèidheachadh ann an àite eile sa bhaile.

#### Beachdan bhon Chochonaltradh (bho cho-chonaltradh a rinneadh aig bun-sgoiltean

- Feumar oidhirp a dhèanamh gun dàil gus frithealadh air an iarrtas a bharrachd a th' ann airson àiteachan aig Bun-sgoil Taobh na Pàirce.
- Dè na slatan-tomhais a th' ann an-dràsta airson a bhith toirt àite do chloinn ann am FtG?
- Draghan ann mun uallach obrach a tha a' tighinn air luchd-obrach ann am foghlam 3-5.
- Seach nach eil mòran sùbailteachd ann a thaobh nan seiseanan, tha sin a' ciallachadh gu bheil cuid a phàrantan ann nach urrainn a' chlann aca a chur chun na sgoil-àraich, thoradh chan urrainn dhaibh clàradh airson 5 seiseanan gach

<p><b>is àrd-sgoiltean faisg air deireadh 2016 – cuid a bheachdan gan sealltainn facal air an fhacal)</b></p>	<p>seachdain ri linn mar a tha seiseanan goirid ann a mhaireas 3 uairean a thìde is 10 mionaidean.</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Tha pàrantan a’ smaoinichadh gu bheil an cùram is an t-oideachadh a gheibh a’ chlann fìor mhath.</li> <li>• Tha e nas duilghe an taic do na pàrantan a chumail suas a-nis leis mar a tha barrachd cloinne ann, chan eil an taic cho làidir ’s a bha i nuair a bha nas lugha de chloinn is phàrantan ann.</li> <li>• Bu chòir pasgan-fiosrachaidh a bhith ann do phàrantan aig a bheil clann a tha a’ tòiseachadh san Sgoil-àraich, le fiosrachadh air na cothroman ionnsachaidh a gheibhear air an t-slighe ionnsachaidh aig FtG.</li> <li>• Chan eil gealltanais sam bith ann gum faigh clann àite san sgoil ged a bhiodh bràthair no piuthar aca san sgoil mu thràth.</li> <li>• Am b’ urrainn do sgoilearan FtG san àrd-sgoil greis gnìomhachais a dhèanamh san sgoil-àraich?</li> <li>• Chan eil mòran teans ann gum faigh clann a tha trì bliadhna a dh’aois, a rugadh às dèidh an Lùnastail, cothrom air FtG aig ìre ro-sgoile mus an tig an ath Lùnastal. Ann an suidheachaidhean fìor dhona, cailidh iad cothrom air bliadhna shlàn ann am FtG. Faodaidh sin fìor dhroch bhuaidh a thoirt air na cothroman a th’ aca gus an cànan a thogail.</li> </ul>
<p><b>Roghainnean airson na h-Ùine air Thoiseach</b></p>	<p><b>Gnìomh 1</b> – Thèid leudachadh a thoirt air na seirbheisean Sgoil-àraich a tha sa bhaile an-dràsta le bhith a’ stèidheachadh ionad fa leth, agus thèid an luchd-obrach a tha dhìth fhastadh.</p> <p><b>Gnìomh 2</b> - Thèid leudachadh a thoirt air na seirbheisean Sgoil-àraich a tha sa bhaile an-dràsta an cois ionad/sgoil le FtG, agus thèid an luchd-obrach a tha dhìth fhastadh.</p> <p><b>Gnìomh 3</b> – Thèid leudachadh a thoirt air na seirbheisean Sgoil-àraich a tha sa bhaile an-dràsta an cois ionad/sgoil far nach eil FtG, agus thèid an luchd-obrach a tha dhìth fhastadh.</p> <p><b>Gnìomh 4</b> – Bheirear sùil air na cothroman a th’ ann airson aonta a chur air dòigh le buidheann eile gus sealltainn air seirbheis Sgoil-àraich ùr a stèidheachadh ann an com-pàirt leinn sa bhaile (airson clann aois 3-5).</p> <p><b>Gnìomh 5</b> – Thèid cothroman a chruthachadh do phàrantan le clann san sgoil-àraich airson coinneachadh is Gàidhlig ionnsachadh agus nithear ceangal ri buidhnean phàrant eile sna diofar àiteachan far a bheil na Cròileagain.</p> <p><b>Gnìomh 6</b> – Obraichidh sinn còmhla ri Bòrd na Gàidhlig is Riaghaltas na h-Alba gus measadh a dhèanamh air na poileasaidhean nàiseanta a th’ ann a thaobh nan slatan-tomhais a thathar a’ cleachdadh airson àiteachan a thoirt do chloinn ann am FtG.</p> <p><b>Gnìomh 7</b> – Obraichidh sinn còmhla ri Bòrd na Gàidhlig is Riaghaltas na h-Alba gus dòighean nas fheàrr a chomharrachadh gus dreuchdan ann an sgoiltean-àraich Gàidhlig a dhèanamh nas tarraingiche feuch an tèid nas fheàrr le ar n-oidhirpean gus luchd-obrach a thrusadh is a ghleidheadh. Obraichidh sinn còmhla ri Àrd-sgoil Sheumais Ghilleasbuig gus sgoilearan FtG a</p>

bhrosnachadh gus beachdachadh air obair a dhèanamh airson pàigheadh no gu saor-thoileach san Sgoil-àraich.

**Gnìomh 8** – Obraichidh sinn còmhla ri Òganan gus leudachadh air an t-seirbheis aca mar bhuidhinn chom-pàirteach air an làrach far a bheil iad an-dràsta agus ann an àiteachan ùra.

**Gnìomh 9** – Obraichidh sinn còmhla ri Fèisean nan Gàidheal gus coimhead air dè na cothroman a bharrachd a dh'fhaodadh Fèisgoil a thoirt do chloinn san sgoil-àraich a thaobh chùisean cultarach.

**Gnìomh 10** - Cumaidh sinn oirnn ag obair còmhla ri Stòrlann agus sinn a' cuideachadh le bhith a' toirt taic a bharrachd do chloinn ann am FtG leis an fhoghlam aca, agus an taic sin a rèir nam feuman eadar-dhealaichte a th' aig clann ann am foghlam bogaidh.

Aois	5 – 11 - Bun-sgoil																																											
<b>An Suidheachadh An-dràsta</b>	<ul style="list-style-type: none"> <li>• Tha an àireamh sgoilearan aig Bun-sgoil Taobh na Pàirce air a dhol an àirde gach bliadhna bho dh'fhosgail an sgoil, agus san t-Sultain 2015 bha 287 sgoilearan san sgoil, le 57 air P1.</li> <li>• Mar sin, tha iarrtas nach beag ann airson àiteachan ann am Bun-sgoil Taobh na Pàirce, agus bha 64 sgoilearan clàraichte sa Mhàrt 2016 airson tòiseachadh air P1 san Lùnastal 2016, le ceathrar dhiubh a' tighinn bho thaobh a-muigh Dhùn Èideann.</li> <li>• Fios mu sgoilearan ann an 2015/16:</li> </ul> <table border="1" data-bbox="349 954 1776 1313"> <thead> <tr> <th data-bbox="349 954 698 1061">Sgìre Comhairle / clas</th> <th data-bbox="698 954 833 1061">P1</th> <th data-bbox="833 954 967 1061">P2</th> <th data-bbox="967 954 1079 1061">P3</th> <th data-bbox="1079 954 1191 1061">P4</th> <th data-bbox="1191 954 1326 1061">P5</th> <th data-bbox="1326 954 1460 1061">P6</th> <th data-bbox="1460 954 1594 1061">P7</th> <th data-bbox="1594 954 1776 1061">Gu h-iomlan</th> </tr> </thead> <tbody> <tr> <td data-bbox="349 1061 698 1157">Taobh a-staigh sgìre CBDE</td> <td data-bbox="698 1061 833 1157">56</td> <td data-bbox="833 1061 967 1157">54</td> <td data-bbox="967 1061 1079 1157">50</td> <td data-bbox="1079 1061 1191 1157">32</td> <td data-bbox="1191 1061 1326 1157">22</td> <td data-bbox="1326 1061 1460 1157">25</td> <td data-bbox="1460 1061 1594 1157">23</td> <td data-bbox="1594 1061 1776 1157">262</td> </tr> <tr> <td data-bbox="349 1157 698 1252">Taobh a-muigh sgìre CBDE</td> <td data-bbox="698 1157 833 1252">1</td> <td data-bbox="833 1157 967 1252">9</td> <td data-bbox="967 1157 1079 1252">6</td> <td data-bbox="1079 1157 1191 1252">1</td> <td data-bbox="1191 1157 1326 1252">3</td> <td data-bbox="1326 1157 1460 1252">4</td> <td data-bbox="1460 1157 1594 1252">1</td> <td data-bbox="1594 1157 1776 1252">25</td> </tr> <tr> <td data-bbox="349 1252 698 1313">Gu h-iomlan</td> <td data-bbox="698 1252 833 1313">57</td> <td data-bbox="833 1252 967 1313">63</td> <td data-bbox="967 1252 1079 1313">56</td> <td data-bbox="1079 1252 1191 1313">33</td> <td data-bbox="1191 1252 1326 1313">25</td> <td data-bbox="1326 1252 1460 1313">29</td> <td data-bbox="1460 1252 1594 1313">24</td> <td data-bbox="1594 1252 1776 1313">287</td> </tr> </tbody> </table>								Sgìre Comhairle / clas	P1	P2	P3	P4	P5	P6	P7	Gu h-iomlan	Taobh a-staigh sgìre CBDE	56	54	50	32	22	25	23	262	Taobh a-muigh sgìre CBDE	1	9	6	1	3	4	1	25	Gu h-iomlan	57	63	56	33	25	29	24	287
Sgìre Comhairle / clas	P1	P2	P3	P4	P5	P6	P7	Gu h-iomlan																																				
Taobh a-staigh sgìre CBDE	56	54	50	32	22	25	23	262																																				
Taobh a-muigh sgìre CBDE	1	9	6	1	3	4	1	25																																				
Gu h-iomlan	57	63	56	33	25	29	24	287																																				

- Seisean 2016/17:

<b>Clas</b>	<b>Sgoilearan</b>
P1	51
P2	52
P3	61
P4	52
P5	31
P6	24
P7	28
<b>Gu h-iomlan</b>	<b>299</b>

- Seisean 2017/18:

<b>Class</b>	<b>Sgoilearan</b>
P1	77
P2	57
P3	51
P4	61
P5	48
P6	31
P7	24
<b>Gu h-iomlan</b>	<b>349</b>



- Seo an suidheachadh a bh' ann a thaobh luchd-obrach FtG aig Bun-sgoil Taobh na Pàirce sa Mhàrt 2017:

Aireamh iomlan de thidsear an le teisteanas	Tidsearan le teisteanas ag obair tron Ghàidhlig	Tidsearan le teisteanas ag obair uaireannan / no nach eil ag obair tron Ghàidhlig	Tidsearan fo Dhearbhadh ag obair tron Ghàidhlig	Luchd-taice ionnsachaidh + luchd-cuideachaidh sa chlas air cùmhnanntan sealach a bhios ag obair uaireannan tron Ghàidhlig	Luchd-obrach P/T a' tadhail, uaireannan ag obair tron Ghàidhlig	Luchd-obrach taice (glanadh is sa chidsin) – chan eil duine aca ag obair tron Ghàidhlig
23	21	2	2	0.8 neach-taice ionnsachaidh  8 luchd-cuideachaidh sa chlas air cùmhnanntan sealach	5	6

\*Nota – Tha na figearan seo a' sealltainn mar a bha an suidheachadh aig an àm, agus faodaidh ìrean fileantachd atharrachadh.

- Tha na clubaichean Shradagan mar phàirt den iomairt, Sradagan, aig Comunn na Gàidhlig. Bidh luchd-obrach saor-thoileach bho choimhearsnachd na Gàidhlig a' cur dà chlub Shradagan air dòigh le seiseanan gach mìos airson sgoilearan bun-sgoile air P4-7. Bidh sgoilearan FtG a' gabhail pàirt ann an deasbadan, a' dèanamh fhilmichean, agus a' cluich ball-coise is iomain.
- Chaidh a chlàradh tràth sa Ghearran 2017 gun robh iarrtas ann airson 91 àite air P1 ann an 2017/18, ach cha do thòisich ach 76 ann an 17/18, agus 's e an àireamh a bu chòir Bun-sgoil Taobh na Pàirce a gabhail air P1 ann an 17/18, 66.
- Chaidh a mheasadh gu bheil 80 sgoilear aig Bun-sgoil Taobh na Pàirce a tha feumach air taic a bharrachd le an cuid ionnsachaidh.
- An-dràsta, tha còignear thidsearan ann aig a bheil teisteanas is na sgilean gus frithealadh air feuman a bharrachd aig Bun-sgoil Taobh na Pàirce. Bithear a' tabhann maoinachadh a bharrachd don sgoil tro Sgeama nan Tabhartasan Sònraichte airson Foghlam Gàidhlig nuair a tha sin a dhìth, gus cuideachadh le bhith a' frithealadh air na feuman na cloinne.

**Beachdan bhon Chochonaltradh (bho chochonaltradh a rinneadh aig bun-sgoiltean is àrd-sgoiltean faisg air deireadh 2016 – cuid a bheachdan gan sealltainn facal air an fhacal)**

- Am b' urrainnear trèanadh is ùine a thoirt do thidsear aig Bun-sgoil Taobh na Pàirce (neach freagarrach le ùidh ann an taic a bharrachd do dh'ionnsachadh) feuch am b' urrainn dhaibh a bhith nan tidsear Gàidhlig a bheir taic a bharrachd do sgoilearan?
- A' fastadh, a' trusadh agus a' gleidheadh – ciamar a ghlèidheas sinn na tidsearan a th' againn, agus ciamar a gheibh sinn feadhainn ùra?
- Feumar fuasgladh ionadail a lorg, a' gabhail a-steach teachd-a-steach a bharrachd agus taighean aig prìsean reusanta airson tidsearan FtG.
- Barrachd taice sa chlas le luchd-cuideachaidh cànan FtG anns gach clas (nuair a thathar a' roghnachadh dè na clasaichean a gheibh neach-cuideachaidh, bheirear prìomhachas do chlasaichean le tidsearan nach eil fileanta), agus clasaichean nas lugha. Dà dhòigh sam faodadh fuasglaidhean a lorg gus cumail ris na thathar a' moladh san stiùireadh reachdail.
- Am bu chòir leudachadh air foghlam bun-sgoile is FtG tachairt aig an aon àm?
- Ciamar a ghabhas piseach a thoirt air ìrean fileantachd na cloinne is nan teaghlaichean nuair a thòisicheas a' chlann air P1 gun mòran Gàidhlig sam bith.
- Feumar coimhead air mar a tha sgìre na sgoile a' gabhail a-steach Lodainn air fad – feumar coimhead air seo air sàillibh gu bheil a' beachdachadh air seirbheisean foghlaim com-pàirteach a stèidheachadh aig ìre roinneil.
- Chan eil far a bheil Bun-sgoil Taobh na Pàirce stèidhichte uabhasach goireasach airson tòrr a tha a' fuireach ann an ceann a deas/taobh siar a' bhaile agus bhathar a' faireachdainn gum bu chòir seirbheis foghlaim ùr sam bith a bhith suidhichte sna sgìrean sin.
- Ghabhadh dàrna bun-sgoil fhosgladh mean air mhean, dh'fhaodadh nach biodh feum air sgoil eile coltach ri Bun-sgoil Taobh na Pàirce fhosgladh sa bhad.
- Cunnartan a dh'fhaodadh èirigh bho leudachadh air foghlam bun-sgoile (me, ìrean fileantachd). Chaidh bruidhinn air mar a dh'fhaodadh e cron a dhèanamh air ìrean fileantachd nan sgoilearan nan deigheadh leudachadh a chur an sàs ro luath.
- Bha daoine ag iarraidh dearbhadh no soilleireachd air an t-slighe ionnsachaidh ann am FtG, agus chaidh am facal “barantas” a chleachdadh uair no dhà. Cha robh e na chuideachadh no na chofhurtachd gun robh mì-chinnt ann a thaobh àiteachan airson clann aig gach ìre de FtG, agus thuirt cuid a phàrantan gun robh iad a' dèanamh tòrr gus taic a chumail rin cuid chloinne ann am FtG (leithid a' siubhal astar fada agus ag ionnsachadh Gàidhlig) agus bha e gu math leamh mar a bha cunnart ann nach fhaigheadh a' chlann aca àite ann am FtG aig aon de na h-ìrean.
- Taic nas fheàrr a dhìth air clann air P1 aig nach eil Gàidhlig. Am measg nam molaidhean a bh' ann, chaidh a mholadh na sgoilearan sin a chumail còmhla gus dian-oideachadh a thoirt dhaibh sa chànan aig toiseach na teirm mar a nì iad sa Chuimrigh. Cuideachd, nam biodh barrachd àiteachan is sùbailteachd ann a thaobh cùram-chloinne is foghlam nan tràth-bhliadhnaichean, dh'fhaodadh nach biodh uiread cloinne ann gun Ghàidhlig.
- Le leasachadh sam bith aig ìre na bun-sgoile is na h-àrd-sgoile, bu chòir planaichean a bhith ann còmhla ris na

	<p>leasachaidhean sin airson sgoilearan a bhith a' gluasad eadar na diofar ìrean.</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Tha daoine airson faighinn a-mach carson a tha pàrantan is sgoilearan a' roghnachadh FtG fhàgail às dèidh dhaibh a bhith aig Bun-sgoil Taobh na Pàirce.</li> </ul>
<p><b>Roghainnean airson na h-Ùine air Thoiseach</b></p>	<p><b>Gnìomh 1</b> – Thèid leudachadh a thoirt air na ghabhas Bun-sgoil Taobh na Pàirce tro obair chalpa agus a bhith a' dèanamh feum nas fheàrr de na seòmraichean-teagaisg a th' ann.</p> <p><b>Gnìomh 2</b> – Obraichidh sin còmhla ri Bòrd na Gàidhlig is Riaghaltas na h-Alba gus measadh a dhèanamh air na poileasaidhean nàiseanta a th' ann a thaobh nan slatan-tomhais a thathar a' cleachdadh airson àiteachan a thoirt do chloinn ann am FtG.</p> <p><b>Gnìomh 3</b> - Thèid Bun-sgoil (5-11) ùr a stèidheachadh ann am bun-sgoil a th' ann mu thràth ann am pàirt eile den bhaile, le planaichean ann airson sgoilearan a bhith a' gluasad eadar ìrean.</p> <p><b>Gnìomh 4</b> – Thèid Bun-sgoil (5-11) ùr a stèidheachadh ann am pàirt eile den bhaile, mar phàirt de sgoil Bheurla a th' ann mu thràth, le planaichean ann airson sgoilearan a bhith a' gluasad eadar ìrean.</p> <p><b>Gnìomh 5</b> – Thèid Bun-sgoil (5-11) ùr a thogail, le planaichean ann airson sgoilearan a bhith a' gluasad eadar ìrean.</p> <p><b>Gnìomh 6</b> - Fhad 's a tha barrachd sgoilearan a' tòiseachadh aig Bun-sgoil Taobh na Pàirce, a thig bhon sgoil-àraich ùir (a tha a' gabhail na cloinne a thig bho na Cròileagain ùra), bu chòir a' chlann a bharrachd seo a chumail còmhla sna h-aon chlasaichean leis an aon luchd-teagaisg, le sùil an gluasad aig a' cheann thall gu Bun-sgoil (5-11) ùr (faicibh gnìomhan 2, 3 agus 4).</p> <p><b>Gnìomh 7</b> – Thèid plana gnìomh ionadail / roinneil a dhealbh gus piseach a thoirt air mar a thèid tidsearan Gàidhlig le teisteanas is tidsearan fo dhearbhadh a thrusadh is a ghleidheadh, feuch am bi na tidsearan a tha dhìth ann gus FtG a leudachadh agus a leasachadh tro phrògram com-pàirteach le Bòrd na Gàidhlig (a' coimhead air pasgain LT nas fheàrr a thabhann, tobraichean teachd-a-steach eile, taic-airgid airson taigheadas, agus taic-comhairleachaidh gus tidsearan FtG a chuideachadh le bhith a' dèiligeadh ris na h-uallaichean obrach a bharrachd a th' orra).</p> <p><b>Gnìomh 8</b> – Thèid bruidhinn ri ùghdarrasan foghlaim faisg air làimh gus beachdachadh air dòighean gus seirbheisean roinneil is com-pàirteach a stèidheachadh.</p> <p><b>Gnìomh 9</b> - Thèid coimhead air na roghainnean a th' ann a thaobh luchd-teagaisg is ghoireasan a bharrachd, agus modhan-teagaisg feuch am bi cothrom aig sgoilearan bho Bhun-sgoil Taobh na Pàirce air seirbheisean e-Sgoil.</p>

**Gnìomh 10** - Cumaidh sinn oirnn ag obair còmhla ri Stòrlann agus sinn a' cuideachadh le bhith a' toirt taic a bharrachd do chloinn ann am FtG leis an fhoghlam aca, agus an taic sin a rèir nam feuman eadar-dhealaichte a th' aig clann ann am foghlam bogaidh.

**Gnìomh 11** – Thèid coimhead air carson a tha pàrantan is sgoilearan a' roghnachadh FtG fhàgail às dèidh dhaibh a bhith aig Bun-sgoil Taobh na Pàirce.

Aois	11 – 18 – Àrd-sgoil																																																																							
<b>An Suidheachadh An-dràsta</b>	<ul style="list-style-type: none"> <li>81 sgoilearan ann am FtG ann an 2015/16.</li> <li>88 sgoilearan ann am FtG ann an 2016/17:</li> </ul>																																																																							
	<table border="1" style="width: 100%; border-collapse: collapse;"> <thead> <tr style="background-color: #4f81bd; color: white;"> <th style="width: 50%;">Clas</th> <th colspan="8">Sgoilearan</th> </tr> </thead> <tbody> <tr> <td>ÀS1</td> <td colspan="8">22</td> </tr> <tr> <td>ÀS 2</td> <td colspan="8">18</td> </tr> <tr> <td>ÀS 3</td> <td colspan="8">15</td> </tr> <tr> <td>ÀS 4</td> <td colspan="8">16</td> </tr> <tr> <td>ÀS 5</td> <td colspan="8">10</td> </tr> <tr> <td>ÀS 6</td> <td colspan="8">7</td> </tr> </tbody> </table>									Clas	Sgoilearan								ÀS1	22								ÀS 2	18								ÀS 3	15								ÀS 4	16								ÀS 5	10								ÀS 6	7							
	Clas	Sgoilearan																																																																						
ÀS1	22																																																																							
ÀS 2	18																																																																							
ÀS 3	15																																																																							
ÀS 4	16																																																																							
ÀS 5	10																																																																							
ÀS 6	7																																																																							
<ul style="list-style-type: none"> <li>Àireamh sgoilearan Gàidhlig ris a bheil dùil aig ASSG gu 2023/24, a' gabhail a-steach na h-àireimh a th' ann an 16/17:</li> </ul>																																																																								
<table border="1" style="width: 100%; border-collapse: collapse; text-align: center;"> <thead> <tr> <th style="width: 10%;">Bliadh hna</th> <th style="width: 10%;">16/17</th> <th style="width: 10%;">17/18</th> <th style="width: 10%;">18/19</th> <th style="width: 10%;">19/20</th> <th style="width: 10%;">20/21</th> <th style="width: 10%;">21/22</th> <th style="width: 10%;">22/23</th> <th style="width: 10%;">23/24</th> </tr> </thead> <tbody> <tr> <td>ÀS1</td> <td>22</td> <td>28</td> <td>24</td> <td>31</td> <td>52</td> <td>61</td> <td>52</td> <td>51</td> </tr> <tr> <td>ÀS 2</td> <td>18</td> <td>22</td> <td>28</td> <td>24</td> <td>31</td> <td>52</td> <td>61</td> <td>52</td> </tr> <tr> <td>ÀS 3</td> <td>15</td> <td>18</td> <td>22</td> <td>28</td> <td>24</td> <td>31</td> <td>52</td> <td>61</td> </tr> <tr> <td>ÀS 4</td> <td>16</td> <td>15</td> <td>18</td> <td>22</td> <td>28</td> <td>24</td> <td>31</td> <td>52</td> </tr> </tbody> </table>									Bliadh hna	16/17	17/18	18/19	19/20	20/21	21/22	22/23	23/24	ÀS1	22	28	24	31	52	61	52	51	ÀS 2	18	22	28	24	31	52	61	52	ÀS 3	15	18	22	28	24	31	52	61	ÀS 4	16	15	18	22	28	24	31	52																			
Bliadh hna	16/17	17/18	18/19	19/20	20/21	21/22	22/23	23/24																																																																
ÀS1	22	28	24	31	52	61	52	51																																																																
ÀS 2	18	22	28	24	31	52	61	52																																																																
ÀS 3	15	18	22	28	24	31	52	61																																																																
ÀS 4	16	15	18	22	28	24	31	52																																																																

ÀS 5	10	16	15	18	22	28	24	31
ÀS 6	7	10	16	15	18	22	28	24
<b>Gu h- iomlan</b>	<b>88</b>	<b>109</b>	<b>123</b>	<b>138</b>	<b>175</b>	<b>218</b>	<b>248</b>	<b>271</b>

- Tidsèaran sa Mhàrt 2017 – 3 tidsèaran le teisteanas a’ teagasg tron Ghàidhlig.
- Tha cuid a chuspairean air an teagasg tron Ghàidhlig gu deireadh ìre an Fhoghlaim Fharsaing Choitcheinn (FFC) (aig ASSG, sin aig deireadh ÀS2 - ged a tha e gu deireadh ÀS3 ann an sgoiltean eile a tha a’ dol a rèir nan còraichean a th’ aig clann gu nàiseanta air FFC eadar 3-15).
- Tha roghainn aig sgoilearan leantainn orra le Gàidhlig mar chuspair sna h-àrd ìrean (ÀS3 - ÀS6) agus teisteanasan a thoirt a-mach (Nàiseanta 5, Àrd-ìre is Àrd-ìre Adhartach).
- Tha deagh chuid sgoilearan a’ gabhail ‘Gàidhlig’ sna h-àrd ìrean (Nàiseanta 5 / Àrd-ìre / Àrd-ìre Adhartach).
- Bidh a’ mhòr-chuid de sgoilearan a’ dèanamh ‘Gàidhlig’ aig Àrd-ìre, agus tha tòrr a’ dèanamh ‘Gàidhlig’ aig AIA (gheibh sibh dàta mun sin ma sibh ga iarraidh). Bidh sgoilearan a’ faighinn chomharran matha, nas fheàrr na gheibhear sa chumantas gu nàiseanta.
- Tha Eòlas Corporra, Ealain, Nuadh-eòlas agus Eòlas Creideimh is Moraltachd air an teagasg tron Ghàidhlig ann an ÀS1 is ÀS2.
- Chan eil gin a chuspairean, ach a’ Ghàidhlig fhèin, air an teagasg tron Ghàidhlig aig ìre teisteanais SQA an-dràsta.
- Bhathar a’ tabhann Nuadh-eòlas N5 tron Ghàidhlig airson 2016/17. Chan eil an cothrom sin ann tuilleadh seach gun do dh’fhalbh an tidsèar.
- Thathar a-nis a’ teagasg Cruinn-eòlas tron Ghàidhlig ann an ÀS1 is ÀS2.
- Tha a’ Ghàidhlig air a fighe air feadh saoghal agus prionnsapalan na sgoile agus tha àite follaiseach air a bhith aice aig grunn thachartasan ioma-chultarach.
- Bidh sgoilearan a’ gabhail pàirt ann an diofar fharpaisean sgrìobhaidh is cultarach aig ìre nàiseanta, a’ gabhail a-steach an Duais airson Sgrìobhadair Òg aig Urras Leabhraichean na h-Alba, an Deasbad Nàiseanta agus am Mòd Nàiseanta.
- Tha sgoilearan air grunn dhuaisean a ghleidheadh san fharpais aig FilmG.
- Bithear ag obair ann an com-pàirt le Comunn na Gàidhlig, Alba Aosmhor agus Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu.

**Beachdan  
bhon Cho-  
chonaltradh**

- Thuirt tòrr dhaoine a thug beachd seachad gum b’ fheàrr leotha nan deigheadh àrd-sgoil Ghàidhlig fa leth a stèidheachadh sa bhaile.
- Bha draghan mòra aig daoine mun mhì-chinnt a bh’ ann a thaobh foghlam àrd-sgoile tron Ghàidhlig agus na bha a’ dol a

<p><b>(bho chon-altradh a rinneadh aig bun-sgoiltean is àrd-sgoiltean faisg air deireadh 2016 – cuid a bheachdan gan sealltainn facal air an fhacal)</b></p>	<p>thachairt, agus mu mar nach robhar a' cumail suas ìrean fileantachd mar bu chòir.</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• Barrachd thidsearan – ciamar as urrainn dhuinn na tidsearan againn a ghleidheadh, is feadhainn ùra fhastadh? Feumar sùil as ùr a thoirt air na prògraman trusaidh is gleidhidh leithid (i) an Cùrsa Bogaidh Gàidhlig do Luchd-teagaisg (ii) an cùrsa aig Ceòlas, (iii) bursaraidh PDGE agus gealltanais gum faigh tidsearan ùine-dhearbhaidh ann an Dùn Èideann, (iv) taic-airgid do thidsearan airson imrich a dhèanamh chun a' bhaile.</li> <li>• Feumar piseach a thoirt air ìrean fileantachd am measg sgoilearan ASSG, tro bharrachd luchd-taice cànanais chuspairean, bun-ìrean a thaobh na th' ann de Ghàidhlig a tha ann an clàr-ama na sgoile, clas-clàraidh, agus barrachd thachartasan taobh a-muigh na sgoile, msaa.</li> <li>• Barrachd shoidhnichean Gàidhlig san sgoil agus àrainneachd Ghàidhlig nas motha air feadh na sgoile.</li> <li>• 'S dòcha gum bi maoineachadh bho Riaghaltas na h-Alba / Bòrd na Gàidhlig a dhìth gus leudachadh air foghlam àrd-sgoile? A bheil e coltach gum faighear sin?</li> <li>• Feumar oidhirp a dhèanamh gus comhairle dhreuchdan a thoirt seachad aig ASSG le barrachd fiosrachaidh mu chothroman cosnaidh Gàidhlig, feuch am bi tuigse nas fheàrr aig daoine air na cothroman sin.</li> <li>• Dh'fhaodadh e-Sgoil a bhith feumail, agus dh'fhaodadh e a bhith na thaic do dhiofar leasachaidhean, ach chan eil e a' toirt fuasgladh dhuinn air na dùbhlain a th' ann an-dràsta leis an ìre fhoghlaim seo.</li> <li>• Chaidh a ràdh, ma tha tuilleadh chuspairean gu bhith air an teagasg tron Ghàidhlig san àrd-sgoil, bidh feum cuideachd air taic do phàrantan.</li> <li>• A thaobh nam beachdan air an t-slighe air adhart, bha e follaiseach gum b' fheàrr le daoine àrd-sgoil Ghàidhlig fa leth, 's dòcha mar phàirt de sgoil Ghàidhlig 3-18.</li> <li>• Bha coltas ann gun robh daoine toilichte dòigh-obrach a bhith ann mar a bha ann an Glaschu an-toiseach, sin cuspairean air an teagasg tron Bheurla gus an robh barrachd thidsearan àrd-sgoile Gàidhlig ann.</li> </ul>
<p><b>Roghainnean airson na h-Ùine air Thoiseach</b></p>	<p><b>Gnìomh 1</b> – Thèid Aonad FtG ùr a stèidheachadh le 3 thidsearan le teisteanas (ionann ri làn-thìde), agus stiùiriche a' churraicealaim nam measg, aig ASSG (stèidhichte air a' mhodal ann an Glaschu), gus leasachadh a thoirt air foghlam FtG a rèir nan dleastanasan laghail ùra a th' oirnn; agus thèid leudachadh a thoirt air a' churraicealam airson FtG (aig ìre FFC an-toiseach) agus thèid barrachd thidsearan FtG fhastadh gus frithealadh air barrachd sgoilearan bho Bhun-sgoil Taobh na Pàirce.</p> <p><b>Gnìomh 2</b> - Nì ASSG agus an t-Ùghdarras Foghlaim barrachd oidhirp gus spèis cho-ionann a shealltainn do chànanan; agus nuair a thathar a' dealbh phoileasaidhean, thèid làn-aithne a thoirt don Ghàidhlig gur h-i aon de dhà chànan nàiseanta ann an Alba.</p> <p><b>Gnìomh 3</b> – Aon uair 's gun tèid foghlam FtG aig ASSG a leudachadh, thèid rannsachadh a dhèanamh feuch an gabhadh an t-Aonad FtG a ghluasad gu sgoil eile gus am b' urrainnear barrachd sgoilearan bho Bhun-sgoil Taobh na Pàirce, agus bho</p>

bhun-sgoil sam bith eile a bhios ann, a ghabhail air ÀS1 FtG. Cuideachd, nan gluaiseadh an t-Aonad gu leithid a sgoil, dh'fheumte plana a dhealbh don sgoil sin airson na h-ùine-fhada gus dèanamh cinnteach gun gabhadh leudachadh a thoirt air FtG innte ann an dòigh sheasmhach agus gum biodh sàr fhoghlam fhathast ga libhrigeadh fhad 's a bha leudachadh a' tighinn air FtG. Bhiodh an sgoil freagarrach airson co-dhiù 20 bliadhna de dh'fhàs, agus dh'fhaodadh an sgoil sin a bhith na sgoil 'iomlan' (3-18).

**Gnìomh 4** – Thèid sgoilearan FtG a chur san aon taigh-sgoile, agus ann am buidhnean slàn sna clasaichean-clàraidh (me, bidh sgoilearan FtG mar leth de chlas).

**Gnìomh 5** – Bidh sgoilearan FtG air am bogadh barrachd sa chànan aig ASSG, le barrachd shoidhnichean, ealain, agus barrachd chuspairean bhon Churraicealam airson Sàr-mhathais air an teagasg tron Ghàidhlig.

**Gnìomh 6** – Thèid còmhraidhean a chumail le Riaghaltas na h-Alba agus Bòrd na Gàidhlig mu bhith a' co-mhaoineachadh leudachadh air FtG aig ìre na h-àrd-sgoile ro no ann an 2022.

**Gnìomh 7** – Thèid sùil a thoirt air a' chomhairle dhreuchdan is fios mu bhith a' gluasad eadar diofar ìrean foghlaim a gheibhear aig ASSG agus thèid a' chomhairle is fios sin a leasachadh (me, ann an com-pàirt ri Colaiste Newbattle no fastaichean a tha a' sireadh luchd-obrach le sgilean Gàidhlig), agus nithear cinnteach gun tèid sgoilearan ASSG chun na co-labhairt, Siuthad, ann an Glaschu no Inbhir Nis.

**Gnìomh 8** – Thèid coimhead air na roghainnean a th' ann gus an clàr-ama atharrachadh, agus a thaobh ghoireasan a bharrachd agus mhodhan-teagaisg aig ASSG feuch am bi cothrom aig sgoilearan air seirbheisean e-Sgoil.

**Gnìomh 9** – Thèid coimhead air an cothroman a th' ann barrachd luchd-taice cànan a chleachdadh airson sgoilearan FtG a chuideachadh le bhith a' fàs nas fileanta.

**Gnìomh 10** – Nithear measadh air na comasan aig tidsearan air feadh sgoiltean an ùghdarrais gus teagasg ann am FtG, nithear measadh air na cnapan-starra a chuireas stad air tidsearan bho bhith a' gluasad gu FtG, agus thèid coimhead air na cothroman a th' ann feum nas fheàrr a dhèanamh den luchd-obrach seo gus leudachadh air FtG aig ASSG agus sgoiltean iomchaidh eile.